

## Bòrd MG ALBA

29 Màrt 2023

### Teams

#### Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan; Calum MacLeòid; Marion Nic na Ceàrdaich, Ceit Anna NicLeòid, Iain Mac a' Mhaoilein, Lisa Annette, Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)  
Ealasaid Dhòmhnallach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)  
Donnie Dhòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Seirbheis BBC ALBA)  
Neil MacFhionghain [NMK] (Arm in Arm Accounting)  
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

#### 1. Leisgeulan

1.1. Rhoda NicDhòmhnaill agus Ingrid NicEanraig.

#### 2. Gnothach dearbhte

2.1. Cha robh gin.

#### 3. Spòrs

- 3.1. Fo cho-bhanntachd BBC ALBA, tha MG ALBA a' maoinachadh cosgais riochdachaidh Spòrs. Tha a' chùmhnannt a tha ann a' tighinn gu crìch air 30/6/23.
- 3.2. Chaidh farpais a chumail airson an ath chùmhnannt le ceann-là 17/3/23 agus fhuair a' trì tagraidhean.
- 3.3. Bha na pàipearan a' mìneachadh a' phròiseas a chaidh leantainn agus a' toirt fianais air an sgrùdadh agus an dùbhlán a chaidh a chur mu choinneimh a' cho-dhùnaidh agus chaidh deasbad a chumail.
- 3.4. Chumar còmhraidh mun neo-ionannachd ionmhasail (financial disparity) eadar na tagraidhean agus chaidh mìneachadh a thoirt seachad air na h-adhbharan airson sin.

- 3.5. Chumar còmhradh mu thàlant le Gàidhlig agus chaidh innse gum bi seo na phrìomhachas nuair a thèid an sàs ann an còmhradh leis a' chompanaidh san robhas ag iarraidh a dhol an sàs.
- 3.6. Chumar còmhradh mun luchd-amhairc agus an robh beachdan aig a' chompanaidh a thaobh a bhith a' meudachadh an luchd-amhairc. Chaidh innse gu robh iad làidir a thaobh seo air na meadhanan sòisealta agus gu robh ceannard cùisean didseatach aca a-mhàin airson seo.
- 3.7. Chumar còmhradh a thaobh iomadachd, seasmhachd, in-gabhaltachd agus tàlant agus chaidh innse gu robh an companaidh air leth comasach san roinn seo.
- 3.8. Thuirt NMK gun deach *due diligence* a dhèanamh air a' chompanaidh san robhas ag iarraidh a dhol an sàs.
- 3.9. Chaidh am pròiseas measaidh a sgrùdadh – 1) aithisg bhon Stiùiriche Susbaint air luchd-amhairc agus *affordability* taobh a-staigh am Buidseat Susbaint; 2) aithisg bhon Mhanaidsear Gnìomhachais air Luach an Airgid; 3) aithisg bho Arm in Arm Accounting air gèilleadh (compliance) agus *Due Diligence* Ionmhasail agus 4) aithisg bhon Àrd-Oifigear air Riosg Chorporra agus Chliù.
- 3.10. Chaidh na pàipearan a bh' air beulaibh bhall am moladh, le fianais shoilleir a' taiceachadh nam molaidhean a bh' air am beulaibh.
- 3.11. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail agus ceistean a chur, bha am Bòrd taiceil gu bhith a' gluasad air adhart gu ìre "preferred supplier" agus aig a cheann thall do ainm-sgrìobhte a' Chathraiche a chur ri ùghdarras nan oifigearan fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson ceadachadh do MG ALBA a dhol gu cùmhnant 3 bliadhna, a' tòiseachadh air 1/7/23 le Sunset & Vine Productions Limited airson **[fios glèidhte]**. Mur a h-èirich duilgheadasan sònraichte, chan eil feum ann tilleadh chun Bhùird ach ma tha feum air coinneachadh, thèid sin a chur air dòigh.
- 3.12. **Gnìomh:** 1) tòiseachaidh còmhradh leis a' chompanaidh agus 2) thèid na h-aithisgean teicnigeach an co-roinn leis a' Bhòrd. **(MC)**